Geàrr-chunntas dearbhte Approved Minute

Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Dimàirt 25/07/2023 Air-loidhne tro MS Teams

Geàrr-chunntas

SEISEAN FOSGAILTE

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

Buill Bùird an Làthair:

Nicola NicThòmais (Cathraiche) [NNT]

Màiri NicAonghais [MTNA]

A' frithealadh:

Shona NicIllinnein, Ceannard [SNI]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]
Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim [JMH]
Christie NicIlleathain, Manaidsear Planaidh [CNI]
Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' Gheàrr-chunntais [OND]

Leisgeulan:

Dòmhnall MacAoidh [DMA] Coinneach MacÌomhair [CMI]

1.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine don choinneimh.

1.2 A' nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh gin ann.

1.3 **GISBE**

Cha robh gin ann.

2.0 CLEACHDADH

2.1 PGR053 Eagrain 02 Plana Gàidhlig Poileas Alba

Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an dàrna eagran den Phlana Gàidhlig aig Poileas Alba. Chaidh measadh a dhèanamh air a' phlana le oifigearan agus ghabh Poileas Alba ris a' mhòr-chuid de mholaidhean. Airson a' chòrr, chaidh aontachadh ri rèiteachadh a bha iomchaidh don dà bhuidhinn. Dh'innis CNI gun robh i den bheachd gur e plana làidir a bh' ann le cothroman gus am branndadh aca a leudachadh agus gus fàs a thoirt air an obair aca le sgoiltean agus leis a' choimhearsnachd.

Bheachdaich Buill agus oifigearan air dòighean anns an gabhadh a' phuing mu dheireadh a lìbhrigeadh.

Chaidh còmhradh a chumail air an àireimh de dh'òigridh a bhios a' dol a-staigh don phoileas. Dh'innis CNI do bhuill gu bheil Gàidhlig na phàirt den phròiseas trusaidh aig Poileas Alba.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig.

2.2 PGR041 Eagrain 04 Plana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean

Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an ceathramh eagran de Phlana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean. Thugadh fios gum biodh am Plana seo a' togail air an obair a chaidh a chur an gnìomh tro na h-eagrain a bh' aca roimhe agus thug CNI eisimpleirean seachad den obair a rinneadh sna h-eagrain sin.

Policy & Resources Committee

Tuesday 25/07/2023 Online via MS Teams

Minutes

OPEN SESSION OPENING ITEMS

Board Members Present:

Nicola Thomson (Chair) [NT] Màiri MacInnes [MTMI]

In Attendance:

Shona MacLennan, Ceannard [SML]
Iain MacMillan, Director of Development [IMM]
Jennifer McHarrie, Director of Education [JMH]
Christie MacLean, Plans Manager [CML]
Orla MacDonald, Recording the Minutes [OMD]

Analogies:

Donald MacKay [DMK] Kenneth MacIver [KMI] Welcome & Apologies

The Chair welcomed everyone to the meeting.

Declarations of Interest

There were none.

AOCB

There were none.

USAGE

PGR053 Edition 02 Police Scotland Gaelic Language Plan

CML told Members that this was the second edition of Police Scotland's Gaelic Language Plan being presented to the Committee. The plan had been assessed by officers and most recommendations were accepted by Police Scotland. For the remainder, a resolution appropriate to both organisations was agreed. CML told Members that she believed it was a strong plan with opportunities to expand their branding and develop their work with schools and the community.

Members and officers discussed ways in which the latter could be delivered.

A discussion was held around the number of young people who join the police. CML told Members that that Gaelic is part of the recruitment process at Police Scotland.

Decision:

Members approved the Gaelic Language Plan.

PGR041 Edition 04 Highlands and Islands Enterprise Gaelic Language Plan

CML told Members that this was the fourth edition of Highlands and Islands Enterprise's Gaelic Language Plan being presented to the Committee. Members were advised that this Plan would build on the work implemented by previous editions and CML gave examples of the work done in those editions.

Geàrr-chunntas dearbhte Approved Minute

Thuirt CNI gun robh i den bheachd gur e plana làidir a th' ann agus gum bu chòir gum biodh cleachdadh na Gàidhlig sa bhuidhinn a' fàs tron cheathramh eagran.

Thug Buill beachdan seachad mun fhacal-toisich agus chaidh a ràdh gun robh cothrom ann a dhèanamh nas deimhinniche. Dh'innis CNI do Bhuill gun toireadh i fios don bhuidhinn ach nach eil e na chleachdadh cumanta a bhith ag iarraidh atharraichean riatanach air facail-thòisich nam planaichean Gàidhlig.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig.

2.3 PGR049 Eagrain 04 Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an ceathramh eagran de Phlana Gàidhlig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Chaidh measadh a dhèanamh air a' Phlana le Bòrd na Gàidhlig agus dh'aontaich an t-Oilthigh ris gach moladh. Dh'aithris CNI air na gealltanasan is cothroman na lùib a bhios a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig leis a' bhuidhinn.

Rinn CNI mìneachadh a bharrachd air cinn-làithean sa Phlana do Bhuill.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig.

2.4 PGR035 Eagrain 02 Comhairle Siorrachd Obar Dheathain

Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an dàrna eagran den Phlana Ghàidhlig aig Comhairle Siorrachd Obar Dheathain. Chaidh measadh a dhèanamh air a' phlana le oifigearan agus ghabh a' Chomhairle ris a' mhòr-chuid de mholaidhean. Airson a' chòrr, chaidh aontachadh ri rèiteachadh a bha iomchaidh don dà bhuidhinn. Thug CNI fios gun robh i den bheachd gum biodh tòrr chothroman ann, agus leis nach eil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn san sgìre, bhathar an dùil gum biodh leasachadh anns na cothroman an lùib poileasaidh ionnsachaidh cànain 1+2.

Thugadh fios gun robh cothroman aca a bhith ag àrdachadh faicsinneach na Gàidhlig aig ìre chorporra agus gum biodh Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic dhaibh fhad 's a bhiodh iad a' dèanamh suirbhidhean le pàrantan.

Chaidh bruidhinn air na cothroman airson co-obrachadh eadar Comhairle Siorrachd Obar Dheathain agus Comhairle Baile Obar Dheathain.

Dh'iarr Buill dearbhadh gun deach aontachadh air na freagairtean don cheist "ciamar a thèid seo a thomhas" air taobh-duilleig 126 den phasgan.

Gnìomh:

CNI ri fios a leigeil do Bhuill nuair a thèid na ceistean a dearbhadh.

CML told Members that she thought it was a strong plan and that the use of Gaelic within the organisation should grow throughout the fourth edition.

Members provided opinions on the foreword and raised that there was an opportunity for it to be more positive. CML told Members that she would inform the organisation but that it is not common practice to require compulsory changes to forewords in Gaelic language plans.

Decision:

Members approved the Gaelic Language Plan.

PGR049 Edition 04 University of the Highlands and Islands

CML told Members that this was the second edition of the University of the Highlands and Islands' Gaelic Language Plan being presented to the Committee. The plan had been assessed by officers and all recommendations were accepted by UHI. CML provided information on commitments and opportunities in the Plan which will develop their use of Gaelic.

CNI further explained the timescales in the Plan to Members.

Conclusion:

Members agreed to the Gaelic Plan.

PGR035 Edition 02 Aberdeenshire Council

CML told Members that this was the second edition of Aberdeenshire Council's Gaelic Language Plan being presented to the Committee. The plan had been assessed by officers and most recommendations were accepted by the Council. For the remainder, a resolution appropriate to both organisations was agreed. CML told Members that since Gaelic Medium Education was not currently provided in the area, it was expected that opportunities for the 1+2 language learning policy would be developed.

Members were told that there were opportunities to increase the visibility of Gaelic at a corporate level and that support would be provided by Bòrd na Gàidhlig while surveys were conducted with parents.

The possibilities for collaboration between Aberdeenshire Council and Aberdeen City Council were discussed.

Members asked for confirmation that the questions included in the "how will this be measured" section on page 126 of the pack had been confirmed.

Action:

CML to inform Members when the questions were confirmed.

Geàrr-chunntas dearbhte Approved Minute

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig.

2.5 PGR011 Eagrain 02 Comhairle Baile Obar Dheathain
Thug CNI fios do Bhuill gur e seo an dàrna eagran den
Phlana Gàidhlig aig Comhairle Baile Obar Dheathain.
Chaidh measadh a dhèanamh air a' phlana le oifigearan
agus ghabh a' Chomhairle ris a' mhòr-chuid de
mholaidhean. Far nach do dh'aontaich, chaidh aonta a'
ruigsinn eadar Bòrd na Gàidhlig agus a' Chomhairle.
Dh'innis CNI do Bhuill na bhios iad a' dèanamh gus na
cothroman a thaobh foghlam a leasachadh.

Mhol Buill cho mionaideach sa bha am Plana. Thug JMH fios do Bhuill gun robh freagairt air a dhol dhan co-chomhairle aig a' Chomhairle mu sgìre-sgoile agus thugadh fios cuideachd air na dòighean eile a bha Bòrd na Gàidhlig air taic a thoirt don Chomhairle.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig.

2.6 PGR012 Eagrain 01 Comhairle Chrìochan na h-Alba Thug CNI fios do Bhuill gur e seo a' chiad eagran den Phlana Ghàidhlig aig Comhairle Chrìochan na h-Alba. Chaidh measadh a dhèanamh air a' phlana le Bòrd na Gàidhlig agus ghabh a' Chomhairle ris gach moladh.

Chaidh innse do na buill gun robh e air a bhith inntinneach a bhith ag obair le buidheann ùr agus dh'innis i gu bheil ùidh aig an sgioba aca sa Ghàidhlig. Thug CNI tuilleadh fios air cothroman a thaobh a bhith a' leasachadh a' phoileasaidh ionnsachaidh 1+2 agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san sgìre.

Chaidh ceist a thogail mu Cholaiste Abaid a' Bhatail Nuadh agus bhruidhinn Buill mu dheidhinn nan cothromon airson co-obrachadh sa Phlana.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Ghàidhlig.

3.0 GISBE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 17/08/2023 Dùnadh na coinneimh

Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh

Decision:

Members approved the Gaelic Language Plan.

PGR011 Edition 02 Aberdeen City Council

CML told Members that this was the second edition of Aberdeen City Council's Gaelic Language Plan being presented to the Committee. The plan had been assessed by officers and most recommendations were accepted by the Council. Where they did not agree, an agreement was reached between Bòrd na Gàidhlig and the Council. CML told Members what would be done to develop the opportunities in terms of education.

Members commended the detail of the Plan. JMH told Members that a response had been provided to the Council's consultation on school catchment areas and information was also given on how else Bòrd na Gàidhlig had provided advice to the Council.

Decision:

Members approved the Gaelic Language Plan.

PGR012 Edition 01 Scottish Borders Council

CML told Members that this was the first edition of the Scottish Borders Council's Gaelic Language Plan being presented to the Committee. The plan had been assessed by officers and all recommendations were accepted.

Members were told that it had been interesting to work with a new organisation and that the Council team is interested in Gaelic. CML provided more information on opportunities to develop the 1+2 language learning policy and Gaelic Medium Education in the area.

A question was raised about New Battle Abbey College and Members spoke about the opportunities for collaboration in the Plan.

Decision:

Members approved the Gaelic Language Plan.

AOCB

Date for the next meeting: 17/08/2023 Close of meeting Post-meeting Review of meeting

Ceann-là na coinneimh 25/07/2023
Dearbhte le Sgioba Stiùiridh 07/08/2023
Air adhart gu Cathraiche airson dearbhadh/atharrachadh 09/08/2023
Dearbhte le Cathraiche 09/08/2023
Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh 18/03/2023
Dearbhte le Buill a' Bhùird 17/08/2023
Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET 22/08/2023